

Ceumannan – cùrsa ùr do luchd-ionnsachaidh san àrd-sgoil

Amasan:

- A' toirt sùil air cruth a' chùrsa agus mar a thèid an leabhar a chur ri chèile
- A' toirt sùil air criomagagan beaga den stuth-teagaisg a tha gu bhith anns a' chùrsa
- A' beachdachadh air dòighean-teagaisg spòrsail a bhios a' brosnachadh sgoilearan gus an cànan a thogail
- A' coimhead air na goireasan a bhios air-loidhne agus ag obair le beagan den stuth a thèid a chleachdadh

Luchd-libhrigidh:

Emma Christie (Stòrlann - Sgrìobhaiche a' chùrsa)

Gillebrìde Mac'ille Mhaoil (Stòrlann– Sgrìobhaiche stuth air-loidhne dhan chùrsa)

Shona NicCarraig (Stòrlann – Oifigear Leasachaidh – Gàidhlig san àrd-sgoil)

Aithisg:

Chaidh taisbeanadh a thoirt seachad air amasan a' phròiseict agus air cruth an leabhair fhèin. Seo cuid de na puingeagan a chaidh a thogail aig an t-seisean:

- Chaidh sùil a thoirt air structar Ceumannan 1 agus na h-adhbharan sònraichte a bha ann airson cuid de phuingeagan a thoirt a-staigh tràth sa chùrsa: 'S e/chan e, cànan a' chlas – fosgail, dùin, am faod mi peansail fhaighinn?, an tràth caithte...
- Thug Emma iomradh air na diofar earrannan a bhiodh a' nochdadh anns an leabhar agus air cuid de na dòighean-obrach a bhios i a' cleachdadh.
- A bharrachd air na h-earrannan cànan, bha ùidh aig luchd com-pàirt anns an stuth air cultar a bhios a' nochdadh anns a h-uile aonad agus mar a bhiodh seo cudromach ann an Curraicealam airson Sàr-mhathais.
- Tha luchd-teagaisg a' coimhead air adhart ri leabhar cuimseach susbainteach a bhios a' toirt seachad taic le faclair, dòighean-ionnsachaidh, gràmar agus obair-leudachaidh a bharrachd air a' chùrsa fhèin.
- Bha an luchd-teagaisg uile den bheachd gun robh cruaidh fheum air a leithid de chùrsa.
- Chuir e iongnadh air luchd com-pàirt cho beag ùine a bhiodh ann an stuth a chruthachadh, a dheasachadh agus beagan dheth fheuchainn anns na sgoiltean mus tig e a-mach ann an cruth deireannach.

Stùir Emma iad tron chiad aonad anns an leabhar agus bha luchd com-pàirt uile deònach a bhith nan sgoilearan airson greis. Seo blasad de na bha a' tachairt:

- Bhon a chleachd Emma Pòlainneach an àite Gàidhlig anns an leasan, thuig an luchd-teagaisg cò ris a bhiodh e coltach a bhith a' nochdadh ann an clas Gàidhlig airson a' chiad uair agus cuid de na duilgheadasan a bhiodh aig luchd-ionnsachaidh.
- Bha Emma a' bualadh air dòighean-teagaisg a bhiodh freagarrach anns an àrd-sgoil: chaidh gèam cànan a chluich le ball, far am biodh aca ri bruidhinn nam biodh am ball air a shadail thuca.
- Chunnaic an luchd-teagaisg rap Gàidhlig a chaidh a sgrìobhadh airson a' chùrsa far a bheil tòrr stiùiridhean air an cleachdadh ann an dòigh aotrom, beothail.



Thug Gillebrìde seachad taisbeanadh den stuth a tha e a' deasachadh airson a dhol air-loidhne:

- Bha ùidh mhòr aig luchd-teagaisg anns an stuth. Chaidh a thogail gum biodh a' chlann nas deònaiche sgrìobt no sgeulachd a sgrìobhadh nam biodh cothrom aca rudeigin a chruthachadh air-loidhne ann an cruth film no dealbh-èibhinn. Chaidh seo a mholadh cuideachd airson labhairt a thoirt air adhart.
- Fhuair luchd com-pàirt cothrom cluich le stuth air làraich-lìn eadar-dhealaichte agus bha iad air bhioran lorg fhaighinn air na làraich nuair a thilleadh iad do na sgoiltean.
- Chaidh a thogail gum biodh na làraich-lìn cuideachd feumail do chlasaichean fileanta anns na sgoiltean.

Bidh Ceumannan a' nochdadh anns na sgoiltean air an treas team 2009, deiseil airson tòiseachadh leis a' chiad bhliadhna anns an Lùnastal. Tha a h-uile coltas ann gum bi fèill mhòr air!

Stuthan:

(Blasad de na bhios anns an leabhar – gun dealbhachadh fhathast)

Ceumannan 1:	Taisbeanadh air Ceumannan Structar a' Chùrsa Blasad de rapaichean is òrain
Modal 1 Aonad 1:	Faclan is abairtean Sùil air ais Pios à Notaichean an Tidseir